

Taigh an Uillt

*Taigh an Uillt fo sgàil Beinn
Cruachain
's tu mo dhachagh, 's tu mo
ghràidh,
far a bheil na daoine uasal
cridheil, suairce agus tlàth.*

*Far am faic thu air Beinn
Cruachain
feidh a' gluasad shuas gu h-
àrd,
's far am faigh thu iomadh
fuaran
gu do shàsachadh sa bhlàths.*

*Thig fo sgàil Beinn Cruachain
Faigh ann fois is bàigh,
Thig fo sgàil Beinn Cruachain
Thig fo sgàil, a ghràidh.*

*B' ann an seo a thàinig
Deirdre
gu Gleann Èite faisg air
làimh,
ged a thill i null do dh' Èirinn
airson coinneachadh a' bhàis.*

*Ach an seo tha craobhan
bòidheach
dearcagan air sliabh is clàr,
chì thu cnothan, chì thu ròsan
chì thu ealachan a' snàmh.*

*Gheibh thu sàmhchair agus
sìth ann
chì thu frìthean, chì thu
tràigh,*

Taynuilt

Taynuilt, in the shadow of Ben
Cruachan
you are my home, my love,
where the people are noble
cheerful, kind and gentle.

Where upon Ben Cruachan
you will see
deer moving on high,
where you will find many
springs
to refresh you on a warm day.

Come into the shelter of Ben
Cruachan
Find relaxation and
indulgence there,
Come into the shelter of Ben
Cruachan
Come, my love.

It was here that Deirdre came
to nearby Glen Etive,
although she returned to
Ireland
to meet her death.

But here there are beautiful
trees
berries on mountain face and
slope,
you will see nuts, you will see
roses
you will see swans swimming.

You will get tranquility and
peace there
you will see deer forests and
beaches,

*bidh thu nas beartaiche na
rìgh ann
neo an spìocaire le charn.*

*Àite òir-dhearc, àite ròs-
dhearg
far an cluinn thu calman
tràth,
's far am faod thu a bhith
pòsta
ri do chòirichean gu bràth.*

you can be wealthier than a
king there
or a miser with his hoard.

Glorious place, rose-red spot
where you can hear the dove
early,
and where you may be wed
to your rights forever.